



Teisteanais  
Nàiseanta  
2021 GOIREAS MEASaidH

**X833/75/11**

**Cruinn-eòlas**

Ùine — 2 uair agus 20 mionaid

**Comharran gu lèir — 80**

**ROINN 1 — ÀRAINNEACHDAN FIOSAIGEACH — 30 comharra**

Feuch **AN DARA CUID** Ceist 1 **NO** Ceist 2.

**AN UAIR SIN** feuch Ceistean 3 gu 7.

**ROINN 2 — ÀRAINNEACHDAN DAONNA — 30 comharra**

Feuch na ceistean **UILE**.

**ROINN 3 — CÙISEAN CRUINNEIL — 20 comharra**

Feuch a **DHÀ** sam bith de na leanas.

Ceist 14 — Atharrachaidhean gnàth-shìde

Ceist 15 — Raointean nàdarra

Ceist 16 — Cunnartan àrainneachdail

Ceist 17 — Malairt agus dlùth-chruinneas

Ceist 18 — Turasachd

Ceist 19 — Slàinte

Thèid creideas a thoirt dhut airson mapaichean agus diagraman air a bheil ainmean iomchaidh.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Mus fàg thu seòmar nan deuchainnean, feumaidh tu leabhran nam freagairtean a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir a chall.



\* X 8 3 3 7 5 1 1 \*

ROINN 1 — ÀRAINNEACHDAN FIOSAIGEACH — 30 comharra  
Feuch AN DÀRA CUID Ceist 1 NO Ceist 2  
AN UAIR SIN feuch ceistean 3 gu 7.

**Ceist 1 — Cruthan-tìre costail/Àrd-thìrean eigheachail**

- (a) Coimhead air a' Mhapa Tomhas Riaghaltais (Nì A) de sgìre Lyme Regis.

**Thoir cunntas** air feartan **fiosaigeach** a' chrutha-tìre chostail a tha ga shealltainn air a' mhapa.

Bu chòir dhut comharraidhean-clèithe a chleachdadh nad fhreagairt.

4

- (b) Tha diofar sheòrsaichean fheartan bleithe air **cruthan-tìre àrd-thìre** eigheachail.

**Mìnich** mar a chaidh **stùc phioramaideach** a chruthachadh.

Faodaidh tu diagram(an) a chleachdadh nad fhreagairt.

4

**A-nis feuch Ceistean 3 gu 7**

Na feuch air Ceist 2 ma tha thu a-cheana air Ceist 1 a fhreagairt

**Ceist 2 — Aibhnichean agus glinn/cruthan-tìre àrd-thìre cloich-aoil**

- (a) Coimhead air a' Mhapa Tomhas Riaghaltais (Nì A) de sgìre Lyme Regis.  
A' cleachdadh chomharraidhean-clèithe **thoir cunntas** air feartan **fiosaigeach**  
Abhainn Axe agus a gleann eadar 305999 agus 253900.  
Bu chòir dhut comharraidhean-clèithe a chleachdadh nad fhreagairt. 4
- (b) Tha diofar sheòrsaichean fheartan bleithe air **cruthan-tìre** àrd-thìre **cloich-aoil**.  
**Mìnich** mar a **chaidh toll-slugaidh** a chruthachadh.  
Faodaidh tu diagram(an) a chleachdadh nad fhreagairt. 4

**A-nis feuch Ceistean 3 gu 7**

[Tionndaidh an duilleag

## Ceist 3

Diagram C3A Roinn-tarsainn eadar 290960 agus 360960





Diagram Q3B Suidheachadh na roinne-tarsainn.



Dèan sgrùdadh air Diagraman C3A, C3B agus a' Mhapa Tomhas Riaghaltais (Nì A) de sgìre Lyme Regis.

Maids na litrichean A, B agus C ri na feartan cearta. Tagh bho na feartan gu h-ìosal.

3

staran

baile-beag

coilltearachd

rathad A35

## Ceist 4

## Diagram C4 Aithris le uachdaran ionadail

'Tha diofar sheòrsaichean chleachdaidhean-fearainn comasach san sgìre seo, a' gabhail a-steach tuathanachas, coilltearachd, cur-seachadan agus turasachd, stòradh agus solar-uisge, gnìomhachas agus lùth ath-nuadhachail'

Dèan sgrùdadh air Diagram C4 agus a' Mhapa Tomhas Riaghaltais (Nì A) de sgìre Lyme Regis.

**Thoir adhbharan** airson nan **còmhstrithean** cleachdadh-fearainn a dh'fhaodadh a bhith san sgìre a tha ga sealltainn air a' mhapa.


**Feumaidh tu** fianais bhon mhapa a chleachdadh nad fhreagairt.

5

[Tionndaidh an duilleag

## Ceist 5

Diagram C5 Tomadan èadhair a bhios a' toirt buaidh air sìde san RA



Dèan sgrùdadh air Diagram C5.

Ainmich tomadan èadhair A, B agus C mar a tha iad air an sealltainn air Diagram C5.

3

## Ceist 6

Diagram C6A Clàr sionoptaig airson 6 m, 21 Dùbhlachd, 2018




Diagram C6B Rabhadh sìde Oifis na Sìde

'Bu chòir do luchd-siubhail an aire a thoirt air teothachdan fo ìre-reothaidh agus deigh air na rathaidean tro uairean tranga na madainn. Tha rabhadh ann do dhraibhearan air taobh an ear na h-Alba gu bheil dùil ri sneachda trom air an fheasgar agus gum faodadh cabhaidhean-làir draibheadh a dhèanamh cunnartach. Dh'fhaodadh gun tèid drochaidean a dhùnadh do charabadan àrd.

Dèan sgrùdadh air Diagraman C6A agus C6B.

Tha Oifis na Sìde air rabhadh sìde a sgaoileadh stèidhte air a' chlàr shionoptaig gu h-àrd.

**Thoir adhbharan** airson an rabhaidh shìde a sgaoil Oifis na Sìde.

**Ceist 7**

Bidh ana-chuairtean èadhair a' toirt diofar shuidheachaidhean sìde leotha rè na bliadhna.

**Thoir cunntas** air na trioblaidean a thig an cois ana-chuairt èadhair as t-samhradh.

**5**



ROINN 2 — ÀRAINNEACHDAN DAONNA — 30 comharra  
Feuch na ceistean UILE

**Ceist 8**

Dèan sgrùdadh air a' Mhapa Tomhas Riaghaltais (Nì A) de sgìre Iorc (York).

**Mairs** na sònaichean cleachdadh-fearainn bailteil ri na comharraidhean-clèithe cearta.

Sònaichean cleachdadh-fearainn bailteil

- PSG
- Taigheadas ùr
- Seann taigheadas.

Tagh bho chomharraidhean-clèithe **5950, 6058, 6254, 6051**.

**3**

**Ceist 9**

Coimhead air a' Mhapa Tomhas Riaghaltais (Nì A) de sgìre Iorc (York).

Tomhais na trì astaran (A, B agus C) eadar na h-àitean a tha air an sealltainn air a' chlàr.

**Mairs** do fhreagairtean airson A, B agus C ri na h-astaran air an sealltainn gu h-ìosal.

<b>A</b>	Bhon sgoil (5650) don chearcall-rathaid air rathad an A59 (5653)
<b>B</b>	Bho shamhla an tèarmainn nàdair (5954) don cholaiste (6252)
<b>C</b>	Bho stèisean nam busaichean (5951) gu samhla an raoin ghoilf (6455)

Tagh bho na h-astaran a leanas


**4.5 km          3.25 km          2.5 km          6 km.**

**3**

[Tionndaidh an duilleag

## Ceist 10

Diagram C10



Dèan sgrùdadh air Diagram C10 agus a' Mhapa Tomhas Riaghaltais (Nì B) de sgìre Iorc.

- (a) Bu toigh le leasaichearan ionad bhùthan taobh a-muigh baile a thogail faisg air Iorc (York) ann an sgìre K (5856).

A' cleachdadh fianais bhon mhapa, mìnich buannachdan agus eas-bhuannachdan na sgìre seo.



5

- (b) A' cleachdadh fianais bhon mhapa **thoir cunntas, gu mionaideach, air na h-eadar-dhealachaidhean** eadar àrainneachdan bailteil Sgìre Y (6057) agus Sgìre Z (6051). Feumaidh tu iomradh a thoirt air an **dà** sgìre nad fhreagairt.

5

## Ceist 11

Diagram C11 Pioramaidean àireamh-sluaigh airson Etiòpia agus a' Ghearmailt (2018)



Dèan sgrùdadh air Diagram C11.

Thoir adhbharan airson nan eadar-dhealachaidhean eadar structar sluaigh Etiòpia agus na Gearmailt.

## Ceist 12

Diagram C12 taisbeanairean leasachaidh taghta

Taisbeanairean eaconamach	Taisbeanairean sòisealta
% àireamh-sluaigh a' faighinn cosnadh ann an tuathanasach	Àireamh dhaoine gach dotair
Mòr-thoradh Dùthchail (GDP)	Dùil-aoise bho bhreith


Dèan sgrùdadh air Diagram C12.

Tagh aon taisbeanair eaconamach agus aon taisbeanair sòisealta bhon chlàr gu h-àrd.

**Mìnich** na dòighean anns am bi na taisbeanairean a thagh thu a' sealltainn na h-ìre de leasachadh ann an dùthaich.

## Question 13

Diagram C13 Feartan a' toirt buaidh air tuathanaich ann an dùthchannan fo-leasachadh.



Thoir sùil air Diagram C13.

Tagh dà fheart bhon diagram.

Thoir cunntas, gu mionaideach, air mar a bhios an dà fheart a thagh thu a' toirt buaidh air tuathanaich ann an dùthchannan fo-leasachadh.

4

[Tionndaidh an duilleag

ROINN 3 — CÙISEAN CRUINNEIL — 20 marks

Feuch DÀ cheist sam bith

Ceist 14 — Atharrachaidhean gnàth-shìde

*duilleag 15*

Ceist 15 — Raointean nàdarra

*duilleag 16*

Ceist 16 — Cunnartan àrainneachdail

*duilleag 18*

Ceist 17 — Malairt agus dlùth-chruinneas

*duilleag 20*

Ceist 18 — Turasachd

*duilleag 22*

Ceist 19 — Slàinte


*duilleag 24*

## Ceist 14 — Atharrachaidhean gnàth-shìde

Diagram C14A Sgìrean air a bheil atharrachadh gnàth-shìde chruinneil a' toirt buaidh nas motha



Luchair



(a) Dèan sgrùdadh air Diagram C14A.

**Thoir cunntas, gu mionaideach,** air na sgìrean a tha an cunnart ri linn atharrachadh gnàth-shìde chruinneil.

4

**Diagram C14B** Aithris le neach-saidheans gnàth-shìde

‘Tha buaidhean atharrachadh gnàth-shìde chruinneil, air na rinn luchd-saidheans ro-innse, a-nis a’ tachairt.’

(b) Dèan sgrùdadh air Diagram C14B.

Aon bhuaidh an cois atharrachadh gnàth-shìde 's e tuitèan air a' chost ri linn èirigh ìre na mara.


**Mìnich** buaidhean eile a bhios an cois atharrachadh gnàth-shìde chruinneil.

6

[Tionndaidh an duilleag

## Ceist 15 — Raointean nàdarra

Diagram C15A Graf gnàth-shìde airson Isachsen, Canada (tundra)



(a) Dèan sgrùdadh air Diagram C15A.

Thoir cunntas, gu mionaideach, air gnàth-shìde Isachsen, Canada.

4



## Ceist 15 — Raointean nàdarra (a' leantainn)

Diagram C15B Pìob-ola



(b) Thoir sùil air Diagram C15B.

Mìnich na ro-innleachdan stiùiridh a dh'fhaodar a chleachdadh gus buaidh ghnìomhan daonna air an tundra a lùghdachadh.


Bu chòir dhut iomradh a thoirt air sgìre(an) a sgrùd thu nad fhreagairt.

6

[Tionndaidh an duilleag

## Ceist 16 — Cunnartan àrainneachdail

**Diagram C16A** Crithean-talmhainn agus spreadhaidhean bholcànach cruinneil a chaidh aithris mar mhòr-thubaistean nàdarraich 2009–2018




(a) Dèan sgrùdadh air Diagram C16A.

**Thoir cunntas, gu mionaideach,** air na h-atharrachaidhean anns an àireamh de chrithean-talmhainn agus spreadhaidhean bholcànach a chaidh aithris mar mhòr-thubaistean-nàdarra bho 2009 gu 2018.

## Ceist 16 — Cunnartan àrainneachdail (a' leantainn)

Diagram C16B Slighe Dhoininn Mhìcheil, Dàmhair 2018



(b) Thoir sùil air Diagram C16B.

**Mìnich** na ro-innleachdan a thèid a chleachdadh gus ullachadh airson stoirm thropaigeach agus gus a buaidhean a lùghdachadh.


Bu chòir dhut iomradh a thoirt air stoirm thropaigeach a sgrùd thu fhèin nad fhreagairt.

6







[Tionndaidh an duilleag

## Ceist 17 — Malairt agus dlùth-chruinneas

Diagram C17A Prìomh às-bhathar dhùthchannan



Luchair

	gun dàta		meatailt, mèinnean agus orgànach		clòitean		connadh
	còmhdhail		eileagtronaigs				

(a) Dèan sgrùdadh air Diagram C17A.

**Thoir cunntas, gu mionaideach, air sgaoileadh prìomh às-bhathair dhùthchannan.**

## Ceist 17 — Malairt agus dlùth-chruinneas (a' leantainn)

Diagram C17B Ro-innleachdan airson dìon a chur air eaconamaidhean fo-leasachadh an t-saoghail.



(b) Thoir sùil air Diagram C17B.


**Mìnich** mar as urrainn do ro-innleachdan, leithid na feadhainn a tha air an sealltainn, buaidh a thoirt air daoine agus air an àrainneachd san t-saoghal fo-leasachadh.

6

[Tionndaidh an duilleag

## Ceist 18 — Turasachd

Diagram C18A Ruigsinnean luchd-turais eadar-nàiseanta 2016



Luchair — ruigsinnean (mìleanan)

□ gun dàta    ▤ 0–11    □ 12–20    □ 21–36    ■ >36

(a) Dèan sgrùdadh air Diagram C18A.

**Thoir cunntas, gu mionaideach,** air an àireamh de ruigsinnean luchd-turais eadar-nàiseanta ann an 2016.

## Ceist 18 — Turasachd (a' leantainn)

Diagram C18B Mòr-thurasachd air Tràigh Bondi, Sydney



(b) Thoir sùil air Diagram C18B.

**Thoir cunntas** air diofar dhòighean a ghabhadh a chleachdadh airson dèiligeadh ri buaidhean mòr-thurasachd.

Bu chòir dhut iomradh a thoirt air eisimpleir(ean) ainmichte.

6

[Tionndaidh an duilleag airson na h-ath-cheist

## Ceist 19 — Slàinte

Diagram C19A Àireamhan dhaoine air feadh an t-saoghail leis a' chaitheimh (2018)



Luchair — daoine gach 100,000 den àireamh-sluaigh

0-24      25-99      100-199      200-299      ≥300

(a) Dèan sgrùdadh air Diagram C19A.

Thoir cunntas, gu mionaideach, air sgoileadh na caitheimh air feadh an t-saoghail ann an 2018.

4

Diagram C19B Ceann-naidheachd pàipeir-naidheachd



(b) Thoir sùil air Diagram C19B.

Mìnich adhbharan HIV/AIDS.

6

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]



[BLANK PAGE]

DO NOT WRITE ON THIS PAGE

*Aithneachadh còir-lethbhreac*

Ceist 13 Amitali/Shutterstock.com

Ceist 15 Martin Drahomirecky/Shutterstock.com

Ceist 17 Poster – RSPO poster is reproduced by kind permission of RSPO.

Ceist 17 Logo – Fairtrade logo is reproduced by kind permission of The Fairtrade Foundation.

Ceist 18 360b/Shutterstock.com